

## Bòrd MG ALBA

Ionad Cholm Chille Ìle

Diardaoin 19 Giblean 2018

### Dreachd geàrr-chunntas

<b>Bòrd:</b>	Magaidh Choineagan ( <i>sa Chathair</i> )	Daibhidh Brew
	Donaidh MacAmhlaidh	Jo NicDhòmhnaill
	Dùghall MacAmhlaigh	Mairi Kidd

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)

Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)

Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail gearr-chunntas*)

**An làthair:** Ishbel NicIainnein (*Deasaiche Seirbheis*)

#### 1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais, Iain Stephen Moireasdan, Catriona Nic a' Phì.

#### 2. Lèirsinn 2021

Chaidh comhradh a chumail mun Leirsinn - dè tha dol math, dè tha doirbh agus dè an atharrachadh a tha a dhìth. 'S iad nam priomh phuingean comraidi:

- Sùil a chumail air a bheil feum air ùrachadh a thoirt air modal obrachaидh na buidhne. An-dràsta, thathas a' libhrigeadh craoladh *linear* agus dha chuir ann an rìochd didseatach agus feumar sùil a chumail air a bheil ar siostam coimeasanaidh maireannach a thaobh na dh'fheumas a chuir air dòigh son daoine a bhrosnachadh gus ar stuth a choimhead. Chaidh innse nuair a bhios na h-iomairtean air a bheileas ag obair – BBC ALBA ceòl, BBC ALBA comadaidh – aig ère nas adhartaich, togaidh sinn air na a dhith ann an coimiseanadh iomadh-ùrlar a' dol air adhart. Chaidh obair an sgioba didseatach a chomharrachadh.

- Chaidh an Lèirsinn a sgrìobhadh ro foillseachadh a' Chairt Rìoghail agus an t-seanail ùr. Bu chòir gu bheil na h-amasan fhathast mar bu chòir ach gu bheil feum air coimhead ri na gnìomhan atharrachadh
- Dè na goireasan a bha muigh an sin airson clann às aonais Gàidhlig?

Thèid paipear a chuir chun bhùird nas fhaide air adhart air a' bhliadhna nuair a bhios barrachd soilleireachadh a thaobh BBC Scotland. (Gnìomh: IMT)

### **3. BBC Scotland (an t-seanail ùr)**

Chaidh còmhradh a chumail mu bhuaidh air poileasaidh agus clàr BBC ALBA. 'S iad nam priomh phuingean comhraidh:

- Iomradh air na còmhraidhean a bha gan cumail gu cunbalach le ceannardan BBC Scotland. Tha cuisean a' tachairt ceum air cheum gus tèid againn na prionnsabalan a stèidheachadh ann an sgrìobhadh
- Gu feumar deasbad a chumail an robhas a' dèanamh cus frithealadh (super-serving) air luchd-amhairc na h-Alba le BBC ALBA and BBC Scotland agus gu feumar a bhith soilleir dè poileasaidh na buidhne a' dol air adhart a thaobh bheil an aon uallach oirnn fhathast.
- Cho cudromach 's a bu chòir do BhBC Scotland a bhith mar inneal air cross-promotion.

Chaidh aontachadh gun deigheadh là air leth a chuir air chois gus seo a dheasbad air 2/10/18.

(Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh litir a sgrìobhadh bho bhòrd MG ALBA gu bòrd a' BhBC gus draghan na buidhne a thogail ann an co-theacsa gun deach prògram Beurla mu na callaidhean ann an ìle aig àm a' chiad chogaidh a dhèanamh le BBC Scotland ged a chaidh am prògram Gàidhlig a thairgse dhaibh.

(Gnìomh: MAMI)

### **4. Digital Dividend – uallach MG ALBA**

Bha pàipear air beulaibh bhall mu sgilean didseatach ann an coimhearsnachdan eileanach Ghàidhealach le beachd airson deasbad a thòiseachadh air brosnachadh na h-iomaire. An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh nach robh e comasach don bhuidheann a bhith a' leantainn leis an iomaire seo ach gun dheigheadh taic a thairgse dhaibh ann an dòighean iomchaidh. (Gnìomh: DC)